



# Santa Claus

Thuirt mis' ri Santa Claus  
An tainig thu le tòidhs  
A bheil mi faighinn aon aca  
Leis an dèan mi ploy.

Thuirt Santa Claus Hello  
'S an uairsin Ho ho hà  
An robh thu solt is modhail?  
Ho ho ho ho ho hà.

O Santa bha bha bha  
Is chaidh mi don leabaidh tràth  
Is innsidh mam 's an tidsear dhut  
Dìreach mar a bhà.

Dh' fhosgail e am poc'  
'S nam faiceadh tu na bh' ann  
Bha ceudan de phreusantan  
Dha inbhich agus clann.

Thug e parsail beag dhomh fhìn  
Is bha mi air mo dhòigh  
A' cluiche leis an dèideag ud  
Abair thusa ploy!!